

# **Buidheann Thar-phàrtaidh air Gàidhlig**

21 Ògmhios 2022 18.30

Geàrr-chunntas

An làthair

*Buill*

Alasdair Allan, BPA (Cathraiche)

Ariane Burgess, BPA

Rhoda Grant, BPA

*Luchd-aoigheachd le cuireadh*

Catriona Morrison

Conor Beaton

Diane Macintyre, Pàrlamaid na h-Alba

Douglas Ansdell, Riaghaltas na h-Alba

Iain Craig, Àrainneachd Eachdraidheil Alba

Innes MacQueen, Comann nam Pàrant

Joan Esson, Foghlam Alba

Mairi Buchanan, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean

Magaidh Wentworth, Comann nam Pàrant

Marina MacLeod

Morag Campbell, Comhairle Maoineachadh na h-Alba

Murdo MacSween, Astar Media

Tearlach Wilson, An Taigh Cèilidh

Wilson MacLeòid, Oilthigh Dhùn Èideann

**Buill Buidhne nach eil nam Buill**

Arthur Cormack, Fèisean nan Gàidheal

Caoimhin Ó Donnaile, Sabhal Mòr Ostaig

DJ Mac an t-Saoir, Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean

Emma Macleod, MG ALBA

Jim Whannel, Bòrd na Gàidhlig

Shona NicIlinnein, Bòrd na Gàidhlig

Orla MacDonald, Bòrd na Gàidhlig

## Leisgeulan

Dòmhnall hamsron, BPA

Jenny Minto, BPA

Jennifer McHarrie, SQA

Seumas Greumach, An Comunn Gàidhealach

Ealasaid Dhòmhnallach, MG ALBA

Dòmhnall MacNeill, Comunn na Gàidhlig

## Fàilte

Chur Alasdair Allan, Cathraiche na Coinneimh, fàilte air a h-uile duine don choinneimh.

## Geàrr-chunntas na Coinneimh mu dheireadh: 23

### Cèitean 2022

Dh'aontaich Buill na buidhne ris a' gheàrr-chunntas.

## Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28

Chur an Cathraiche fàilte air Shona NicIlinnein, Ceannard Bhòrd na Gàidhlig. Thug Shona taing don bhuidhinn airson cothrom a thoirt dhi bruidhinn mu dheidhinn an dreachd Plana Nàiseanta airson 2023-28 agus thuirt i gu bheil i a' dèanamh fiughair ri beachdan fhaighinn.

Thug i fios don bhuidhinn mu Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus mu na h-amasan aige, mar a tha e sgrìobhte an-dràsta. Bidh am plana a' toirt seachad prìomhachasan airson leasachadh na Gàidhlig do bhuidhnean poblach, buidhnean coimhearsnachd agus daoine a tha an lùib leasachadh na Gàidhlig. 'S e obair Bhòrd na Gàidhlig a th' ann a bhith ag ullachadh dreachd Plana agus a' libhrigeadh co-chomhairle phoblach. Tha a' cho-chomhairle air a bhith a' ruith fad mìos agus bidh e fosgailte airson freagairtean gus deireadh an luchair. Thòisich obair air an dreachd Plana bho chionn bliadhna nuair a chaidh coinneamhan a chumail airson beachdan fhaighinn air dè bu chòir a bhith sa Phlana, agus thàinig na beachdan seo bho iomadh duine agus tha na toraidhean seo ri fhaicinn san dreachd.

Gu ruige seo, chaidh barrachd air 12 coinneamh a chumail mar phàirt den co-chomhairle phoblaich agus chaidh an taisbeanadh a tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith a' cleachdadh aig na coinneamhan seo a shealltainn don bhuidhinn. Thug Shona NicIlinnein geàrr-chunntas seachad air a' Phlana don bhuidhinn agus dh'innis i don bhuidhinn cò mu dheidhinn a bhiodh an taisbeanadh. Thug i fios mu dheidhinn nan

achdan a tha gan cleachdadh ann an Alba a tha a' toirt buaidh air a' Ghàidhlig agus mar a bhios na h-achdan seo a' buaileadh air amasan a' Phlana Nàiseanta.

Thug i barrachd fios mu cho-theacsa a' Phlana. Tha cothrom ann a bhith a' cur aghaidh air na dùbhlain a tha a' cur bacadh air coileanadh na lèirsinn airson Gàidhlig agus tha dòchas an lùib a' Phrògram Riaghlaidh agus gealltanasan an Riaghaltais, a' gabhail a-steach gealltanasan laghail nas treasa, amasan agus cinn-uidhe airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bho aois 3-18 agus a bhith a' leasachadh làthaireachd na Gàidhlig air-loidhne.

Bhruidhinn Shona mu dheidhinn dleastanasan an Riaghaltais airson na Gàidhlig. Tha buidseat de £29 millean ann airson na Gàidhlig gach bliadhna, agus thugadh fios air mar a thèid an t-airgead seo a roinn agus mar a tha Gàidhlig a' cur ris an eaconamaidh.

Mhìnich Shona gu bheil am Plana seo airson a h-uile duine aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig agus gu bheil e a' mìneachadh nam prìomhachasan a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig nas treasa ann an Alba san àm ri teachd. Tha e cuideachd na bhunait airson co-aonta agus obair com-pàirt ann an obair leasachaidh na Gàidhlig. Mar sin tha e cudromach gun cuir am poball beachdan a-staigh air an dreach Plana. Tha a' cho-chomhairle fosgailte gus 26mh Iuchair 2022, an uair sin thèid dreachd dheireannach a sgrìobhadh agus thèid aonta a shireadh bho Mhinistearan. Thathar an dùil gum bi Plana ùr ann bho 1mh Giblean 2023.

'S e an lèirsinn airson an ath Phlana bho 2023-28 gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt de dhualchas na h-Alba agus leis a seo gum bi i: a' beairteachadh beatha làitheil; a' cruthachadh bhuannachdan; a' cur ri sunnd; air a leudachadh tron Phlana; gum bi barrachd a' dol an sàs sa Ghàidhlig agus gum bi am Plana a' togail air soirbheachas nam Planaichean a bh' ann roimhe.

Tha àrd-amasan airson 2028 na lùib agus bidh iad seo a' crochadh air barrachd taic is maoinachadh airson na Gàidhlig. 'S iad sin: gum bi co-ionadan Gàidhlig a' fàs bho 27 gu 50; gum faigh gach neach dòigh a-steach gu ealain agus cultar na Gàidhlig; gum bi na meadhanan Gàidhlig a' ruigsinn 1,000,000 daoine gach seachdain agus gum bi 250,000 luchd-labhairt ùra ann. Thathar cuideachd airson seirbheisean poblach a leudachadh; Gàidhlig àbhaisteachadh; gum bi barrachd bun-sgoilearan a' gabhail pàirt tron iomairt 1+2 agus gum bi 500,000 daoine ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Tha tairgeadan ann cuideachd agus 's iad sin gum bi 100 buidhnean poblach an sàs le planaichean cànan, gum bi fàs gach bliadhna ann an FtG, gum bi àrdachadh san àireamh de sgoiltean FtG fa leth. Bithear cuideachd a' dèanamh cinnteach gu bheil tairgse curraicealaim FtG sna sgoiltean le gu leòr taic ri susbaint chultarach agus gum bi tairgse curraicealaim leasaichte is leudaichte airson Foghlam Coitcheann Farsaing.

Tha dà phrìomh amas ainmichte sa Phlana agus 's iad sin a bhith a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig agus ri ionnsachadh na Gàidhlig. Tha na h-amasan seo air am briseadh sìos ann an diofar raointean obrach, agus thug Shona barrachd fios orra seo agus mar a thathar gam briseadh an-àird ann an 44 gnìomhan.

Thug Shona fios air na ceistean a tha a' nochdadh san dreachd Plana airson beachdan a' phobaill fhaighinn. Thug i fios gu bheil freagairtean air a bhith a' tighinn a-staigh don cho-chomhairle agus chur i fàilte air ceistean no beachdan bhon bhuidhinn.

Dh'iarr a' bhuidheann mìneachadh air co-ionad Gàidhlig. Mhìnich Shona gu bheil seo a' gabhail a-steach togalaichean far a bheil daoine a' cleachdadh na Gàidhlig, ionadan far a bheil daoine ag obair tron Ghàidhlig, buidhnean coimhearsnachd a tha ag obair leis a' Ghàidhlig/a' toirt cothrom do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh agus daoine a tha a' tighinn còmhla air-loidhne airson Gàidhlig a chleachdadh.

Chaidh eisimpleirean iarraidh de ghnìomhan a thèid a steidheachadh sa Phlana. Thug Shona fios gum bi rudan mar togail air Gàidhlig ann an gnìomhachasan a tha a' cur ris an eaconamaidh agus ag obair le ùghdarrasan ionadail airson 's gum bi Gàidhlig ga libhrigeadh mar nuadh-chanan. Thug i seachadh beagan eisimpleirean eile cuideachd.

Chaidh fhaighneachd cuideachd ciamar a thèid am Plana seo a libhrigeadh. Thug Shona fios gu bheil e gu math cudromach gu bheil am Plana a' gabhail a-steach Planaichean Gàidhlig aig buidhnean poblach, a' stiùireadh mar a thèid taic airgead a chleachdadh leis an Riaghaltas agus a' toirt taic do na coimhearsnachdan. Bu choir fiosrachadh a bhith sa Phlana a chionn 's gu bheil e a' buntainn ri buidhnean aig diofar ìrean. Ghabh Shona an cothrom innse gu bheil seo air aon de na h-adhbharan 's gu bheil e cho cudromach gum bithear a' cur beachdan a-staigh tron co-chomhairle.

Dh'fhaighnich an Cathraiche ciamar a thèid na tairgeadan mu a bhith a' cur ris an àireamhan de sgoiltean Gàidhlig fa-leth ag obair, agus thug Shona fios gur e co-obrachadh eadar an Riaghaltas agus na h-Ughdarrasan Ionadail a bhiodh ann an seo.

Thogadh ceist mu dheidhinn an Fhòram Dualchais, cò a tha an sàs ann agus dè tha iad a' dèanamh a thaobh na Gàidhlig. Thug Shona fios gu bheil sruth-obrach san iomairt *Adhartas nas Luaithe* agus thug i fios air dè an obair a thathar a' dèanamh aig ìrean nàiseanta agus ionadail.

Chaidh draghan a thogail mu ìre na Gàidhlig aig clann san sgoile agus chaidh fhaighneachd dè as urrainnear dhèanamh airson cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh taobh a-muigh na sgoile. Thug Shona fios gun robh còmhradh mun leithid air a bhith ann le daoine òga agus mhol iad barrachd thachartasan tro beatha sgoile tron Ghàidhlig agus cho cudromach 's a tha co-ionadan Gàidhlig airson a leithid. Chur Shona fàilte air beachdan air a' phuing seo.

Chaidh ceist a thogail mu dheidhinn Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile airson nan sgoilearan a bh' aig bun-sgoil Ghàidhlig agus a bheil an Riaghaltas/Bòrd na Gàidhlig a' clàradh ìrean de thidsearan Gàidhlig agus a bheilear a' dèanamh na 's urrainn dhaibh. Fhreagair Shona gur ann an urra ris na h-ùghdarrasan ionadail a tha na tidsearan Gàidhlig, agus gu bheil gnìomhan ann mu leudachadh a' churraicealam sa Phlana agus gum bi tidsearan is goireasan a bharrachd a dhìth. Thug Shona fios mu

dheidhinn nan còraichean a th' aig pàrantan an-dràsta agus mar as b' urrainnear seo a leudachadh. Thug Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlam aig Bord na Gàidhlig fios gu bheil aig sgoiltean ri planaichean leasachaidh a cruthachadh agus nach feum air iomradh air foghlam Gàidhlig sna phlanaichean seo an-dràsta. Bidh Bòrd na Gàidhlig ag obair le ùghdarrasan ionadail airson am brosnachadh gus na planaichean leasachaidh seo a dhèanamh airson na Gàidhlig. Thug e fios gu bheil feum air leasachadh air seo gu nàiseanta agus gu bheil ag obair air Stiùireadh Reachdail airson bun-sgoiltean an-dràsta agus gun cuireadh iad fàilte air beachdan tron cho-chomhairle. Thug e fios gu bheil fios mu thidsearan ri fhaighinn air an làraich-lìn.

Chaidh puing a thogail mu dheidhinn Gàidhlig air coimpiutairean san sgoil agus bu chòir comas a bhith aig gach sgoilear Gàidhlig a sgrìobadh air na coimpiutairean. Chaidh a mholadh cuideachd gum faodadh seo a bhith air a rèiteachadh le ùghdarrasan ionadail a' comharrachadh sna *service contracts* airson nam PCs aca gum bu chòir *United Kingdom Extended keyboard* a bhith air a thaghadh ann an Windows an àite *United Kingdom keyboard*.

## GISBE

Cha robh gin ann.

## Ceann-là na h-Ath Choinneimh

Chan eil ceann-là aontaichte ach thathar an dùil gum bi e san t-Sultain.

# Cross-Party Group on Gaelic

21 June 2022 18.30

Minute

## Present

### *MSPs*

Alasdair Allan, MSP (Chair)

Ariane Burgess, MSP

Rhoda Grant, MSP

### *Invited guests*

Catriona Morrison

Conor Beaton

Diane Macintyre, Scottish Parliament

Douglas Ansdell, Scottish Government

Iain Craig, Historic Environment Scotland

Innes MacQueen, Comann nam Pàrant

Joan Esson, Education Scotland

Mairi Buchanan, Highland and Islands Enterprise

Magaidh Wentworth, Comann nam Pàrant

Marina MacLeod

Morag Campbell, Scottish Funding Council

Murdo MacSween, Astar Media

Tearlach Wilson, An Taigh Cèilidh

Wilson MacLeòid, University of Edinburgh

### *Non-MSP Group Members*

Arthur Cormack, Fèisean nan Gàidheal

Caoimhin Ó Donnaile, Sabhal Mòr Ostaig

DJ Mac an t-Saoir, University of the Highlands and Islands

Emma Macleod, MG ALBA

Jim Whannel, Bòrd na Gàidhlig

Shona NicIlinnein, Bòrd na Gàidhlig

Orla MacDonald, Bòrd na Gàidhlig

## Apologies

Donald Cameron, BPA

Jenny Minto, BPA

Jennifer McHarrie, SQA

James Graham, An Comunn Gàidhealach

Ealasaid MacDonald, MG ALBA

Donald MacNeill, Comunn na Gàidhlig

## Welcome

Alasdair Allan, Chair of the Meeting, welcomed everyone to the meeting.

## Minutes of Previous Meeting: 23 May 2022

Members of the group approved the minutes.

## National Gaelic Language Plan 2023-28

The Chair welcomed Shona MacLennan, Ceannard of Bòrd na Gàidhlig. Shona MacLennan thanked the group for the opportunity to discuss the Plan and looked forward to hearing the group's opinions. She informed the group about content and aims of the draft National Gaelic Language Plan. The Plan sets out priorities for Gaelic development for public bodies, community organisations and those involved in Gaelic development. It is Bòrd na Gàidhlig's job to prepare a draft Plan and to provide a public consultation on it. The consultation has been running for a month and will be open for responses until the end of July. Work on the draft Plan began a year ago when meetings were held to hear views on what the Plan should contain. These views came from many people and the results are reflected in the draft Plan.

To date, more than 12 public meetings have been held as part of the public consultation and the Group were provided with the presentation that Bòrd na Gàidhlig has used at these meetings. Shona MacLennan introduced the Plan to the group and told them what the presentation will be about. She spoke about the Acts used in Scotland which affect the Gaelic language and how these affect the aims of the National Plan.

She provided further information on the context of the Plan. There is an opportunity to address the challenges which hinder the vision for Gaelic and there is hope in the Programme for Government and the Government's commitments, including stronger legal commitments, aims and objectives of Gaelic Medium for children aged 3-18 and developing Gaelic online.

Shona spoke about the Government's commitments relating to Gaelic. The Government's budget for Gaelic is £29 million every year, and it was explained how this money is shared; and how Gaelic contributes to the economy.

Shona explained that this Plan is for everyone with an interest in Gaelic and that it outlines the priorities needed to ensure that Gaelic has a stronger future in Scotland. It also provides the basis for consensus and partnership for those working in Gaelic development work. It is therefore important that the public comment on the draft Plan. The consultation is open until 26 July 2022, after which a final draft will be written and approval for it will be sought from Scottish Ministers. A new Plan is expected from 1st April 2023.

The vision for the next Plan from 2023-28 is that Gaelic is part of Scotland's heritage and will: enrich everyday life; create benefits; contribute to wellbeing; developed through the Plan; more involvement and that the Plan builds on the success of previous Plans.

Ambitions for 2028 are included. These will depend on increased support and funding for Gaelic. They are: to grow Gaelic medium units from 27 to 50; everybody will have access to Gaelic arts and culture; Gaelic media will reach 1,000,000 people per week; and 250,000 new speakers. It also seeks to expand public services; Gaelic normalisation; increase the primary school pupils taking part in the 1+2 initiative and 500,000 adult Gaelic learners.

There are also targets outlined. This include: to involve 100 public bodies in language plans, annual growth in GME and an increase in the number of GME schools. It will also ensure that GME curriculum provision in schools is adequately supported by cultural content and that there is an enhanced and expanded curriculum offer for Broad General Education.

The Plan sets out two main aims which are to increase the use of Gaelic and to enhance the learning of Gaelic. These aims are broken down into various areas of work, and Shona provided information on these and how they are further broken down into 44 actions.

Shona outlined the issues raised in the draft Plan for public consultation. She noted that responses to the consultation had already been received and she welcomed questions or comments from the Group.

The Group asked for the definition of a Gaelic hub. Shona explained that this includes buildings where people use Gaelic, centres where people work through the medium of Gaelic, community groups that work with Gaelic/give opportunities to people to use Gaelic and people coming together online to use Gaelic.

The Group asked for examples of actions which will be established in the Plan. Shona explained that there will be points like building on Gaelic in businesses that contribute to the economy and working with local authorities to deliver Gaelic as a modern language. She also provided some other examples.



It was also asked how this Plan will be delivered. Shona noted that it is very important that the Plan incorporates Gaelic Language Plans from public authorities, and it guides the use of financial support by the Government and supports communities. The Plan should include information as it applies to organisations at different levels. Shona took the opportunity to note that this is one of the reasons why it is so important that views are submitted through the consultation.

The Chair asked how the targets for the number of individual Gaelic schools would work, and Shona explained that this would be a collaboration between the Government and the Local Authorities.

A question was raised about the Heritage Forum, who is involved and what they are doing for Gaelic. Shona answered that there is a workstream in the Faster Rate of Progress initiative and highlighted the work being done at national to local levels.

Concerns were raised about children's levels of Gaelic in school and what could be done to improve the use of Gaelic outwith the classroom. Shona told the Group that there had been discussions with young people and suggested more events through Gaelic medium school life and the importance of Gaelic hubs as a solution. Shona welcomed views on this issue.

A question was raised about Gaelic at secondary level for pupils who attended GME primary schools and whether the Government or Bòrd na Gàidhlig are recording levels of Gaelic teachers and if they are doing all that they can on this issue. Shona replied that responsibility for teachers lies with local authorities, and there are actions in the Plan to develop the curriculum and that additional teachers and resources will be a part of this. Shona explained the current rights of parents and how this could be expanded. Jim Whannel, Director of Education at Bòrd na Gàidhlig, said that schools have to develop development plans each year but that currently there is no need to report on Gaelic education in these plans. Bòrd na Gàidhlig work with local authorities to encourage them to make these development plans for Gaelic. He noted that this needed to be developed nationally and that the Statutory Guidance for Gaelic education is currently being worked on and welcomed comments through the consultation. He noted that information about teachers is available on the website.

A point was raised about Gaelic on computers in schools and that all pupils should be able to write Gaelic on computers. It was also proposed that this could be resolved by local authorities specifying in the service contracts for their PCs that the *United Kingdom Extended keyboard* should be selected in Windows instead of the *United Kingdom keyboard*.

## AOCB

Nothing to note.

## Date of Next Meeting

A date has not been agreed but it is expected to be in September.